

Faodar clann a bhios còig air no ro an 28 Gearran 2026 a chlàrachadh airson Clas 1 a' tòiseachadh san Lùnastal 2025. Bidh clàrachadh a' dol air adhart san t-seachdain a' tòiseachadh 27 Faoilleach 2025.

Cò a' chlann a tha air an gabhail a-steach sa chiad dol a-mach dhan bhun-sgoil?

'S e a-mhàin clann aig a bheil an còigeanh co-là-breith eadar 1 Màrt 2025 agus an latha mu dheireadh dhen Ghearran 2026 a thèid a gabhail a-steach sa chiad dol a-mach gu Clas 1 san Lùnastal 2025.

Dè a th' ann an dàil inntigidh?

Ma tha co-là-breith a' phàiste agaibh eadar 19 Lùnastal 2025 agus deireadh a' Ghearran 2026 (m.e. fhathast 4 bliadhna a dh'aois air latha tòiseachaidh na sgoile san Lùnastal 2025) tha làn-chòir agaibh dàil a chur ann an inntigeadh dhan bhun-sgoil. Ma tha sibh dhen bheachd nach eil ur pàiste deiseil airson na sgoile, bu chòir dhuibh bruidhinn ri ionad Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne ur pàiste. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn ann an 'Guidance on being educated out-with the peer group including deferred and early entry to school' a gheibhear air-loidhne aig: <http://www.highland.gov.uk/enrol>

Cuin a chlàraicheas mi mo phàiste airson na sgoile?

Ma tha ur pàiste a' tòiseachadh san sgoil san Lùnastal 2025, bu chòir dha/dhi a bhith clàraichte aig bun-sgoil na sgìre-sgoile agaibh. Lìonaibh am foirm air-loidhne aig: <http://www.highland.gov.uk/enrol>

Tha làn-fhiosrachadh mu mar a bu chòir clann a chlàrachadh ri lorg sna sanasan a thathar a' foillseachadh anns na pàipearan-naidheachd ionadail gach bliadhna san Fhaoilleach.

Cò an sgoil a tha ionadail dhomh?

Tha sgìre-sgoile chruinn-eòlach shònraichte aig gach sgoil (ach a-mhàin sgoiltean seòrsaichte agus cuid de sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig) agus sa bhitheantas bidh ur pàiste a' frithealadh na bun-sgoile san sgìre-sgoile ionadail agaibh. Gheibhear mapaichean de na sgìrean-sgoile air-loidhne, agus faodaidh sibh na sgoiltean as fhaighe oirbh a lorg aig: https://www.highland.gov.uk/downloads/download/678/school_catchment_maps

Am faod mi sgoil iarraidh seach an sgoil ionadail?

Faodar iarrtas àite-sgoile a chur a-steach airson àite dhan phàiste agaibh ann an sgoil eile seach an sgoil ionadail. Gheibhear fiosrachadh mu iarrtasan airson àiteachan-sgoile air an làraich-lìn aig:

https://www.highland.gov.uk/info/878/schools/887/enrol_your_child_for_school/2.

Tha e cudromach, ge-tà, gun tèid am pàiste agaibh a chlàrachadh san sgoil ionadail aige/aice fhèin mus tèid iarrtas airson àite-sgoile a dhèanamh. Bithibh mothachail cuideachd gur ann air pàrantan a bhios dleastanas airson còmh-dhail-sgoile, ma thèid iarrtas àite-sgoile a bhuileachadh.



Dè na h-ullachaidhean a th' ann airson tòiseachadh san sgoil?

Bu chòir sgoilearan Clas 1 latha slàn nam pàistean beaga a chur seachad san sgoil bhon chiad latha de sheisean na sgoile san Lùnastal 2025.

Nì Ceannardan cinnteach, cho luath 's a ghabhas, gum bi fios aig pàrantan dè na h-ullachaidhean a tha air dòigh.

Ciamar a gheibh mi Taic a Bharrachd airson a' phàiste agam?

Thathar a' moladh do phàrantan a tha dhen bheachd gu bheil am pàiste aca a' cur feum air tuilleadh taic ionnsachaidh a dhol sa chiad àite gu luchd-obrach na sgoile dhan bheil am pàiste a' dol. Gheibhear tuilleadh fios bho làrach-lìn Feumalachdan Taice a Bharrachd aig Comhairle na Gàidhealtachd:

http://www.highland.gov.uk/info/886/schools_additional_support_needs/ no on bhuidhinn shaor-thoileach **Thriving Families** (Fòn: 07514 120288) no làrach-lìn <https://www.thrivingfamilies.org.uk/>

A bheil Còmh-dhail-sgoile ri fhaotainn?

Tha cunntas iomlan air poileasaidh còmh-dhalach na sgoile ri fhaighinn aig

http://www.highland.gov.uk/info/878/schools/12/school_transport no faodar iarrtas a chur a-steach air post-d gu: school.transport@highland.gov.uk

Ma bhios ur pàiste ion-roghnach airson còmh-dhail-sgoile an-asgaidh, bu chòir dhuibh earrann na còmh-dhalach a lionadh san fhoirm-iarrtais clàrachaidh aig www.highland.gov.uk/enrol.

Dè am Biadh Sgoile a tha air a thoirt seachad?

Tha an t-Seirbheis Sholarachaidh a' tabhann biadh càilear anns a bheil cothromachd beathachaidh ann an àrainneachd a tha sàbhailte, rianail agus mothachail air feumalachdan sgoilearan gus am meal iad àm-lòin a tha sòisealta. Tha am biadh is an deoch uile a' coinneachadh riathanasan Achd nan Sgoiltean (Brosnachadh Slàinte is Beathachaidh) (Alba) 2007. Bidh an t-Seirbheis Sholarachaidh ag obair gu dlùth le sgoiltean gus cuideam a chur air cho cudromach 's a tha e dòigh-beatha is dòigh-ithe fhallain a bhrosnachadh.

Gheibhear fiosrachadh mionaideach mun t-seirbheis biadh-sgoile agus mun phoileasaidh bheathachaidh aig na ceanglaichean a leanas:

https://www.highland.gov.uk/downloads/file/180/school_food_nutrition_and_health_policy

(fios às ùr a' tighinn)

https://www.highland.gov.uk/info/878/schools/9/school_meals

Daithead Sònraichte airson Biadh Sgoile do Sgoilearan Tràth-ionnsachaidh, Bun-sgoile is Àrd-sgoile

Ma tha feum aig a' phàiste agaibh air daithead sònraichte airson biadh-sgoile, cliogaibh air a' cheangal seo chun na làraich-lìn againn <https://www.highland.gov.uk/specialdiet> Faodaidh pàrantan/luchd-cùraim cliogadh air a' bhogsa 'iarr daithead sònraichte airson sgoilear' agus faodaidh iad a dhol air adhart gun chunntas. Ma dh'fheumas sibh, thoiribh lòn paisgte dhan leanabh agaibh gus an tèid an t-iarrtas agaibh aontachadh le Sgioba nan Daitheadan Sònraichte, a chuireas fios thugaibh gu dìreach rè ùine. Mar as trice bheir iarrtas 2 sheachdain ach math dh'fhaodte gum bi seo nas fhaide aig amannan tranga. **Thoiribh an aire gum faigh sibh freagairt nas luaithe ma chuireas sibh a-steach iarrtas co-dhiù 2 mhìos mus tòisich am pàiste agaibh san sgoil.**

Nuair a thèid a chur a-steach, thèid am foirm gu Sgioba nan Daitheadan Sònraichte airson aonta. Thèid am fiosrachadh an uair sin a thoirt seachad do luchd-obrach solarachaidh, Tràth Bhliadhnaichean agus foghlaim far a bheil sin iomchaidh agus thèid clàr-bìdh na daithead sònraichte a sgaoileadh cuideachd ma tha sin riatanach.

Ma tha e doirbh faighinn air-loidhne, faodaidh pàrantan/luchd-cùraim fòn a chur gu 01463 644141 agus am foirm a lìonadh air a' fòn.

Biadh Sgoile An-asgaidh agus Cuideachadh le Aodach Sgoile

Dèanaibh cinnteach nach eil ur teaghlach a' call a-mach. Gheibh gach sgoilear ann an Clas 1 gu 5 biadh an-asgaidh co-dhiù ach gheibhear foirmeach-tagraidh airson Cuideachadh le Aodach Sgoile bho sgoil sam bith, Ionad-Seirbheis Chomhairle na Gàidhealtachd, no bho: https://www.highland.gov.uk/info/899/schools_-_grants_and_benefits/10/free_school_meals_and_assistance_with_clothing

Tha iarrtasan airson an ath Sheisean Sgoile (2025/26) a' fosgladh air 1 Iuchar 2025.

Dè a th' ann an Comhairle nam Pàrant?

Tha pàrantan uile nam buill de dh'Fhòram nam Pàrant aca – na pàrantan uile. Faodaidh Fòram nam Pàrant an uair sin co-dhùnadh gur e buidheann nas lugha de phàrantan a bhios gan riochdachadh san sgoil agus aig Seirbheis an Fhoghlaim agus an Ionnsachaidh. Bidh Comhairle nam Pàrant a' dol an sàs ann an iomadh gnìomh eile a leithid tachartasan sòisealta, togail airgid, is eile.

Gheibhear fiosrachadh a bharrachd mun Chomhairle Phàrant agaibh bho Cheannard na Sgoile. A bharrachd, gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu Chomhairlean Phàrant air feadh na Gàidhealtachd aig:

https://www.highland.gov.uk/info/878/schools/16/parent_councils.

Ath-sgrùdadh dhen Fhiosrachadh a tha san Sgrìobhainn Seo

San sgrìobhainn seo gheibhear am 'fiosrachadh bunaiteach' mar a tha air iarraidh le Riaghailtean Foghlaim (Fiosrachadh Sgoile is Suidheachaidh) (Alba) 2012. Tha sinn air gach oidhirp a dhèanamh gus a bhith cinnteach gu bheil am fiosrachadh ceart ach dh'fhaodadh atharrachaidhean, a bheireadh buaidh air cinnt an fhiosrachaidh, tachairt aig àm sam bith. Thathar ag ath-sgrùdadh an fhiosrachaidh gach bliadhna agus tha an sgrìobhainn seo a' bualadh air bliadhna sgoile 2025/2026.

OIFISEAN FOGHLAIM AGUS IONNSACHAIDH SGÌREIL

Oifis Foghlaim agus Ionnsachaidh na Sgìre a Tuath

Druim Muighe

Goillspidh

Cataibh

KW10 6TA

✉: CL.NorthAdmin@highland.gov.uk

Oifis Foghlaim agus Ionnsachaidh na Sgìre Meadhain

Togalaichean na Siorrachd

Inbhir Pheofharain

IV15 9QN

✉: cl.adminmid@highland.gov.uk

Oifis Foghlaim agus Ionnsachaidh na Sgìre a Deas

Rathad Ghlinn Urchadain

Inbhir Nis

IV3 5NX

✉: carelearningadmin@highland.gov.uk

Oifis Foghlaim agus Ionnsachaidh na Sgìre an Iar

Àrainn Fhinn

Rathad Viewfield

Port Rìgh

An t-Eilean Sgitheanach

IV51 9ES

✉: CLLochaberAdmin@highland.gov.uk

Dà-chànanas agus Foghlam tron Ghàidhlig

Tha Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) air a dhearbhadh tro chleachdadh is rannsachadh mar dhòigh air dèanamh cinnteach gun ionnsaich clann Gàidhlig a bhruidhinn agus gum faigh iad na buannachdan a thig an lùib dà-chànanais aig aois òg. Tha e fosgailte do chloinn bho dhachannan Gàidhlig agus do chloinn aig nach eil Gàidhlig san dachaigh. Faodar clàrachadh gu FtG aig ìre Clas 1 agus ann an cuid de shuidheachaidhean aig Clas 2, no às dèidh sin eadar sgoiltean/chlasaichean FtG. Tha Comhairle na Gàidhealtachd am measg nan ùghdarrasan ionadail as adhartaiche ann an Alba a thaobh FtG. Tha FtG a' riochdachadh an dòchais as motha a th' againn airson crìonadh na Gàidhlig a chur am feabhas air Ghàidhealtachd, gu h-àraid ma tha taic ann tro chothroman do dh'òigridh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus sa choimhearsnachd. Tha a' Chomhairle dealasach a thaobh leantainn le leasachadh FtG aig ìre ro-sgoile agus ìre na bun-sgoile cho math ri leudachadh a thoirt air FtG aig ìre na h-àrd-sgoile. Tha buannachdan Foghlam tron Ghàidhlig agus dà-chànanais air an toirt am follais sa bhidio ùr 'Fàs Foghlaim': www.highland.gov.uk/gaelic

Tha Foghlam tron Ghàidhlig air a thabhann ann am 20 bun-sgoil air feadh sgìre na Comhairle (fiosrachadh gu h-ìosal). Tha sinn cuideachd a' sior leasachadh Ionnsachadh Gàidhlig tro Fhoghlam tron Bheurla, tro sholar prògram Ionnsachadh Cànan sa Bhun-sgoil. Tha cuspairean air an teagasg tron Ghàidhlig agus cùrsaichean cànan Gàidhlig, an dà chuid do dh'fhileantaich is/no luchd-ionnsachaidh, air an tabhann ann am 19 àrd-sgoil uile gu lèir. Tha am mapa Foghlaim Gàidhlig air an làrach-lìn againn: (www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic_medium_education) a' toirt fiosrachadh mu sholar air fad air feadh na Gàidhealtachd. Tha sinn cuideachd a' toirt taic do phàrantan is do luchd-ionnsachaidh eile ann an coimhearsnachdan tro shiostam co-òrdanaichte de dh'oideachadh inbheach, a' gabhail a-steach plana oideachaidh adhartach.

Ma tha sibh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh mun Ghàidhlig, cuiribh fios gu Oifis Foghlaim agus Ionnsachaidh na Sgìre agaibh no cuiribh post-d gu: gaelic@highland.gov.uk

Bun-Sgoil Àth Tharracail
Bun-Sgoil an Àth Leathainn
Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis
Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar
Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh
Bun-Sgoil Shlèite
Bun-Sgoil Chnoc na Creige

Bun-Sgoil Inbhir Pheofharain
Bun-Sgoil Dhùn Bheagain
Bun-Sgoil Gheàrrloch
Bun-Sgoil Ghlinn Urchadain
Bun-Sgoil Chille Mhoire
Bun-Sgoil Loch Carrann
Bun-Sgoil Mhalaig

Bun-Sgoil Bhruaich na Muilne
Bun-Sgoil Mount Pleasant
Bun-Sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh
Bun-Sgoil a' Phluic
Bun-Sgoil Stafainn
Bun-Sgoil Ullapuil

